



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

**STIÙIREADH AIR IARRTASAN DRAGHAIL IS ATH-  
AITHRISICHTE FON ACHD SAORSA FIOSRACHAIDH  
(ALBA) 2002**

**TIONNDADH 0.2**

Ath-sgrùdadh deireannach: Lùnastal 2019  
Ath-Ath-sgrùdadh: Sultain 2020

## **CLÀR-INNSE**

RO-RÀDH.....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
IARRTASAN DRAGHAIL: EARRANN 14(1) FOISA .....	2
Dè Tha an Lagh Ag Ràdh?.....	2
Earrann 14(1): eadar-mhìneachadh .....	2
GNÌOMHADH EARRANN 14(1) .....	3
Dearbhadh A Bheil Iarrtas Draghail.....	3
Uallach mòr .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
Dìth adhbhair no luaich san iarrtas .....	3
Iarrtas air a dheilbh gus buaireadh no frionas adhbharachadh.....	4
Buaidh sàrachaidh aig an iarrtas air an ùghdarras phoblach.....	4
Tha an t-iarrtas anabarrach mì-reusanta no mì-chuimseach.....	4
Cunntas a Bu Chòir a Ghabhail gus Dearbhadh a Bheil Iarrtas Draghail .....	5
Iarrtas chan e neach-iarraidh.....	5
Gnìomhan an ùghdarrais phoblaich .....	6
Sreath iarrtasan no àireamhan mòra de dh'iarrtasan .....	6
Cainnt mhì-ghnàthach no mhì-ìomchaidh .....	7
Dleastanas comhairle is cuideachadh reusanta a thoirt .....	7
Freagairt Iarrtas Draghail .....	7
Co-dhùnadh agus cumail chlàran .....	8
Deagh chleachdadh .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
IARRTASAN ATH-AITHRISICHTE: EARRANN 14(2) FOISA .....	9
Dè Tha An Lagh Ag Ràdh? .....	9
GNÌOMHADH EARRANN 14(2) .....	9
A Bheil Iarrtas Air Ath-aithris? .....	9
An do dh'atharraich am fiosrachadh?.....	9
An do dh'atharraich an suidheachadh? .....	10
SGAOILEADH FOR-GHNÌOMHACH.....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
GÈILLEADH DO IARRTASAN ATH-AITHRISICHTE .....	10
Freagairt Iarrtas Ath-aithrisichte .....	10
EÀRR-RÀDH A.....	12
IARRTASAN DRAGHAIL IS ATH-AITHRISICHTE – Earrannan 14, 16 is 21 .....	12

## RO-RÀDH

*NB: Iomraidhean uile mu 'Coimiseanair' a' toirt iomradh air Coimiseanair Fiosrachaidh na h-Alba.*

Tha an Eàrr-ràdh seo a' toirt geàrr-iomradh air modh-obrach coitcheann a' Choimiseanair, a thaobh:

**i. Iarrtasan draghail**

Fo earrann 14(1) den Achd Saorsa Fiosrachaidh (Alba) 2002 (FOISA), chan fheum ùghdarrasan poblach na h-Alba gèilleadh do dh'iarrtasan a tha draghail.

**ii. Iarrtasan ath-aithrisichte**

Fo earrann 14(2) de FOISA, chan fheum ùghdarrasan poblach na h-Alba gèilleadh do dh'iarrtasan a tha ath-aithrisichte.

Ged nach fheum ùghdarrasan poblach gèilleadh do dh'iarrtasan draghail no ath-aithrisichte, chan urrainn dhaibh dìreach na h-iarrtasan a sheachnadh. Sa mhòr-chuid de chùisean, feumaidh an t-ùghdarras innse don neach-iarraidh gu bheil a' dèiligeadh ris an iarrtas aca ann an seagh draghail no ath-aithrisichte.

Tha solaran earrann 14 ag amas air creideas agus èifeachdas laghan Saorsa Fiosrachaidh a dhìon. Tha a' mhòr-chuid de luchd-iarraidh a' coileanadh an còraichean air fiosrachadh ann an dòigh chunntachail, ach tha amannan a tha ainneamh nuair nach ann mar seo a tha. Tha na solaran seo a' sealltainn dòigh air dèiligeadh ris na beagan chùisean a (tha):

- mì-reusanta;
- chuireadh uallach mòr air goireasan ionmhasail is daonna nan ùghdarrasan ionadail, no
- air am meas a bhith draghail air sgàth buaidhean eile air an ùghdarras.

Bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach deagh aire a thoirt do na solaran ann an earrann 14. Bu chòir dhaibh beachdachadh air na suidheachaidhean buntainneach uile gus co-dhùnadh cothromaichte a ruighinn a thaobh a bheil iarrtas draghail no ath-aithrisichte. Chan fhaod cothrom a dhiùltadh do luchd-iarraidh gu iarrtas fiosrachaidh dligheach a dhèanamh. Faodaidh iarrtasan a bhith mì-ghoireasach, agus faodaidh an coileanadh uaireannan a bhith a' cur cuideam air goireasan an ùghdarras, ach chan eil na feartan sin leotha fhèin nan adhbhar gu leòr do dh'ùghdarras a bhith a' meas iarrtas draghail no ath-aithrisichte.

Chan eil co-ionannachd dhìreach ann do dh'iarrtasan draghail no ath-aithrisichte fo Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachdail (Alba) 2004 (na EIRan). Ach, fo riaghailt 10(4)(b) de na EIRan, faodaidh ùghdarras poblach diùltadh fiosrachadh

àrainneachdail a dhèanamh faotainneach, suas chun na h-ìre gu bheil an t-iarrtas fiosrachaidh anabarrach mì-reusanta. Tha an Coimiseanair air stiùireadh air leth do dh'ùghdarrasan poblach a sgaoileadh mu riaghailt 10(4)(b) de na EIRan.

## **IARRTASAN DRAGHAIL: EARRANN 14(1) FOISA**

### **Dè Tha An Lagh Ag Ràdh?**

Tha earrann 14(1) de FOISA ag aithris nach fheum ùghdarras poblach ann an Alba gèilleadh do dh'iarrtas airson fiosrachadh ma tha an t-iarrtas draghail.

#### *Earrann 14(1): eadar-mhìneachadh*

Chan eil mìneachadh air 'draghail' ann am FOISA. Bheachdaich Pàrlamaid na h-Alba gun robh an abairt 'draghail' glè stèidhichte ann an lagh agus roghnaich iad leudachd a thoirt don Choimiseanair airson an abairt eadar-mhìneachadh sa cho-theacsa sin, gus am faod an t-eadar-mhìneachadh fàs thar ùine a rèir eòlas agus ro-shampall.

Gu deatamach, tha dragh air earrann 14(1) mu bhuidh iarrtais air an ùghdarras agus an luchd-obrach aca. Bu chòir eadar-mhìneachadh ann an co-theacsa cho cudromach 's a tha còir ruigsinneachd air fiosrachadh, air a sholarachadh le earrann 1(1) de FOISA agus chan fhaodar a chleachdadh airson na còrach sin a lagachadh. Ann an aithneachadh gum faod iarrtas a bhith draghail, tha Pàrlamaid air gabhail ris an damaist a dh'fhaodadh a bhith dèante don chòir le cleachdadh mì-chuimseach air an t-solar dhraghail.

Chan eil aon fhoirmle no seat dearbhaichte de shlatan-tomhais a tha a' ceadachadh modh-obrach foirmleach a bhith air a ghabhail ann an dearbhadh a bheil iarrtas draghail. Feumaidh gach iarrtas a bhith air a bheachdachadh a rèir airidheachd na cùise, le taic bho fhianais, luachadh soilleir agus reusanachadh.

Bidh na feartan a leanas buntainneach do lorg gu bheil iarrtas draghail (a dh'fhaodadh a bhith mar an t-iarrtas mu dheireadh ann an sreath de dh'iarrtasan no pàipearachd co-cheangailte eile):

- i. Chuireadh e uallach cudromach air an ùghdarras phoblach.
- ii. Chan eil adhbhar no luach brìgheil aige.
- iii. Tha e air a dheilbh gus troimh-chèile no frionas adhbharachadh don ùghdarras phoblach.
- iv. Tha e èifeachdach ann an sàrachadh an ùghdarras phoblaich.
- v. Air dhòigh eile, ann am beachd neach reusanta, dheigheadh beachdachadh air gu bhith glè mhì-reusanta no mì-chuimseach.

Chan e liosta mhionaideach a tha seo agus chan fhaodar a cleachdadh mar liosta-sgrùdaidh. A rèir an t-suidheachaidh, agus ma ghabhas a' bhuidh air an ùghdarras taic fianais fhaotainn, dh'fhaodadh feartan eile a bhith buntainneach.

## **GNÌOMHADH EARRANN 14(1)**

Tha an earrann seo a' coimhead ri:

- i. dòigh air dearbhadh a bheil iarrtas draghail
- ii. dè air a ghabhar cunntas ann an dearbhadh a bheil iarrtas draghail, agus
- iii. mar a thèid freagairt do dh'iarrtas draghail.

### **Mar a Dhearbhar A Bheil Iarrtas Draghail**

Is iad seo na seòrsachan fheartan a tha ùghdarrasan poblach buailteach a bheachdachadh ann an dearbhadh a bheil iarrtas draghail.

#### *Uallach mòr*

Cuiridh iarrtas “uallach cudromach” air ùghdarras poblach far am biodh gèilleadh dha ag iarraidh sùim mhì-chuimseach de dh'ùine, agus stiùireadh air cuid mì-reusanta de a ghoireasan ionmhasail is daonna air falbh bho fhuincseanan reachdail. Bu chòir don ùghdarras phoblach a bhith comasach air a thaisbeanadh carson a tha fuincseanan reachdail eile a' faighinn prìomhachas thar a dhleastanasan reachdail fo FOISA. Mura coilean an t-ùghdarras poblach fuincseanan reachdail, bu chòir dha a thaisbeanadh carson a tha a phrìomh fhuincseanan nam prìomhachas nas àirde na an riatanas reachdail a thaobh freagairt do dh'iarrtasan fiosrachaidh.

San fharsaingeachd, bu chòir don ùghdarras beachdachadh air buaidh an iarrtais air a ghoireasan gu lèir, seach am pàirt den bhuidheann air a bheil buaidh. Bu chòir dha cuideachd a bhith comasach air buaidh an iarrtais a mheas agus na prìomh fhuincseanan agus/no gnìomhan a chomharrachadh, bho am feumtadh goireasan a thoirt air falbh airson dèiligeadh ris.

Mas e a' chosgais an lùib dèiligeadh ri iarrtas an t-aon nì air a bheil beachd, bu chòir don ùghdarras beachdachadh air na solaran a thaobh cosgaisean aibheiseach ann an earrann 12 de FOISA.

#### *Tha dìth adhbhair is luaich bhrìgheil san iarrtas*

Cha bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach a thighinn chun a' cho-dhùnaidh sin gun mheòrachadh. Fiù ma tha ùghdarras poblach den bheachd gu bheil dìth adhbhair no luach brìgheil ann an iarrtas, dh'fhaodadh gum bi rùn fìor agus/no feum aig an neach-iarraidh, bho shealladh phearsanta no reusanta, air an fhiosrachadh fhaotainn. Chan fheum an neach-iarraidh adhbharan a thoirt seachad airson fiosrachadh a

shireadh bhon ùghdarras phoblach. Tha in-ghabhail air an t-slait-tomhais seo gu sìmplidh ag aithneachadh gum faod cuid de dh'iarntasan fiosrachaidh a bhith gu follaiseach gann de dh'adhbhar no luach brìgheil, agus nach urrainnear am faicinn ach draghail.

#### *Tha an t-iarntas air a dheilbh gus buaireadh no frionas adhbharachadh*

A-rithist, is e co-dhùnadh a tha seo nach bu chòir don ùghdarras a ghabhail gun mheòrachadh. Ann an da-rìribh, tha iarntas dall do neach-iarraidh (faic “Iarntas chan e Neach-iarraidh” air duilleag 46) agus tha na h-adhbharan airson iarntas a dhèanamh na chùis don neach-iarraidh. Chan eil FOISA ag iarraidh gun innis an neach-iarraidh adhbhar an iarntais a dhèanamh.

Ach, tha suidheachaidhean ann far nach urrainnear an rùn air cùlaibh iarntais ann an suidheachadh iomlan na cùise, a bhith air an seachnadh. Airson an adhbhair sin, tha am feart seo a' beachdadh air rùn an neach-iarraidh ann an dèanamh iarntas. Mas e an rùn gu follaiseach troimh-chèile no frionas adhbharachadh don ùghdarras seach fiosrachadh fhaotainn, faodaidh an t-iarntas a bhith draghail. Bidh e nas fhasa rùn neach-iarraidh a mheasadh far a bheil e/i air a bhith soilleir. Dh'fhaodadh e a bhith comasach do dh'ùghdarras poblach rùn neach-iarraidh a mheasadh bho eòlas roimhe sin air, agus eadar-obrachaidhean clàraichte leis, an neach-iarraidh.

#### *Buaidh sàrachaidh aig an iarntas air an ùghdarras phoblach*

Tha seo a' gabhail cunntas air a' bhuaidh a tha aig iarntas air ùghdarras poblach, a dh'aindeoin rùintean an neach-iarraidh. Fiù ged nach robh an neach-iarraidh an dùil mì-ghoireas no cosgais adhbharachadh, ma tha èifeachd an iarntais mar shàrachadh air an ùghdarras phoblach agus/no a luchd-obrach, dh'fhaodadh e a bhith air a mheas draghail nuair a bheachdaichear air bho shealladh neach reusanta. Faodaidh cainnt agus tònna iarntais a bhith buntainneach ann am measadh seo (airson tuilleadh fiosrachaidh faic an deasbad fo Cainnt Mì-ghnàthach no Mì-ìomchaidh gu h-ìosal).

#### *Tha an t-iarntas anabarrach mì-reusanta no mì-chuimseach*

A dh'aindeoin adhbhar no luach faicsinneach iarntais, no rùn an neach-iarraidh, faodar iarntas a mheas draghail nam biodh, ann am beachd neach reusanta, e a' nochdadh anabarrach mì-reusanta no mì-chuimseach.

Bidh a' bhuaidh air ùghdarras poblach ann an dèiligeadh ris an iarntas buntainneach ann an dearbhadh an ann mar seo a tha. Tha feartan buntainneach air am bu chòir beachdachadh, a' gabhail a-steach toinnteachd an iarntais, an uimhir fiosrachaidh a thathar ag iarraidh, an ùine agus goireasan a bhiodh a dhìth airson a ghiullachd, agus a' bhuaidh air prìomh obrachaidhean agus/no reachdail an ùghdarras (faic gu h-àrd aig “uallach mòr”). Bu chòir luach nas fharsainghe agus (far a bheil fios air), adhbhar an iarntais a bhith cothromaichte an aghaidh nam feartan sin, a'

cuimhneachadh gu bheil FOISA air a dheilbh gus ruigsinneachd a thoirt do fhiosrachadh agus gus fosgarrachd adhartachadh ann an ùghdarrasan poblach.

## **Cunntas a Bu Chòir a Ghabhail gus Dearbhadh a Bheil Iarrtas Draghail**

Tha grunn de phrionnsapalan coitcheann a tha co-cheangailte ris na beachdachaidhean uile mu dheidhinn a bheil iarrtas draghail. Ged nach eil iad a' dèanamh iarrtasan draghail annta fhèin, dh'fhaodadh gum bi buaidh aca air mar a ruigeas ùghdarrasan an co-dhùnaidhean mu na feartan air am mìneachadh gu h-àrd.

### *Iarrtas chan e neach-iarraidh*

Feumaidh an teirm “draghail” a bhith co-cheangailte ris an iarrtas, CHAN ANN ris an neach-iarraidh.

Chan e dearbh-aithne an neach-iarraidh a tha a' dearbhadh a bheil iarrtas draghail, ach nàdar agus buaidh an iarrtais a tha dèante ann an solas nan suidheachaidhean mun cuairt. Chan urrainn iarrtas a bhith air a bhreithneachadh draghail dìreach on a tha neach-iarraidh air a mheas draghail ann an co-theacsa eile, mar eisimpleir, ma tha iad air gearan eile a dhèanamh no gu bheil iad air iarrtasan eile a chur a-steach a bha draghail.

Ach, dh'fhaodadh dearbh-aithne neach-iarraidh agus eachdraidh an dèiligidhean le ùghdarras poblach, a bhith buntainneach. Dh'fhaodadh ùghdarras poblach co-dhùnadh gu reusanta gu bheil iarrtas sònraichte a' riochdachadh leantainneachd air pàtran giùlain a bha e air a mheas draghail ann an co-theacsa eile. Dh'fhaodadh e san t-suidheachadh sin, co-dhùnadh gum faod an t-iarrtas a dhiùltadh oir tha leantainneachd air a' phàtran giùlain a' fàgail an iarrtais mu dheireadh draghail. Dh'fhaodadh seo a thighinn am bàrr, mar eisimpleir, far a bheil gearan leantainneach aig neach-iarraidh an aghaidh ùghdarras poblach, no air iomradh gu reusanta mar a bhith a' coileanadh iomairt leudaichte chun na puing gun urrainnear iomradh air an giùlan a bhith ro-eudmhor.

Tha iomairt gus draghan dligheach adhartachadh na ghnìomhachd iomchaidh ann an co-chomann deamocratach, agus cha bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach dèiligeadh ri iomairt mar a bhith le comas draghail dìreach on is e iomairt a th' ann. Dh'fhaodadh beachdachaidhean air am bu chòir cunntas a thoirt, a bhith a' gabhail a-steach mar eisimpleir, fianais (bho eachdraidh na cùise):

- i. nach eil an iomairt air deagh bhunait no le dòchas reusanta air soirbheachadh
- ii. an neach-iarraidh air fàilligeadh an draghan a thogail leis na h-ùghdarrasan buntainneach, no

iii. tha iad a' diùltadh beachdachadh air sealladh sam bith eile mun chùis.

Dh'fhaodadh gu bheil cùisean ann cuideachd far a bheil e reusanta, air bunait dhèiligidhean eile leis an neach-iarraidh leis an ùghdarras, tighinn gu co-dhùnadh gur e rùn an neach-dèiligidh argamaid a shireadh agus nach e fiosrachadh fhaotainn.

Chan eil seo a' ciallachadh gum bu chòir iarrtasan fiosrachaidh a bhith air an diùltadh sa bhad; bu chòir adhbharan a thoirt don luchd-iarraidh gus an cuideachadh a' tuigsinn nan co-dhùnidhean air an ruighinn le ùghdarras, agus a dhaingneachadh dhaibh gu bheil na pròiseasan ceart air an leantainn.

Faodaidh an t-iarrtas a bhith draghail cuideachd:

- i. mura h-eil fiosrachadh a bharrachd sam bith as urrainnear a thoirt seachad a chionn 's gu bheil am fiosrachadh buntainneach uile air fhoillseachadh mar-tha; no
- ii. ma tha e coltach nach cuireadh barrachd fiosrachaidh soilleireachaidh no atharrachadh air suidheachadh an neach-iarraidh (a thaobh 's gu bheil an cuspair a tha an ceist air dèiligeadh ris gu mionaideach mar-thà tro na gearanan buntainneach no tron mhodh ath-thagraidh).

Is e deuchainn feumail don ùghdarras phoblach, beachdachadh am biodh am fiosrachadh air a sholarachadh nan deigheadh iarraidh le neach eile, neo-aithnichte don ùghdarras. Nan deigheadh, tha seo ag ràdh nach bu chòir an t-iarrtas a bhith air a mheas draghail.

#### Gnìomhan an ùghdarrais phoblaich

Far a bheil ùghdarras an dùil cunntas a ghabhail air dèiligidhean ro-làimh leis an neach-iarraidh, bu chòir dha beachdachadh an dòcha gun do chuir a ghnìomhan fhèin ris an t-suidheachadh. Mar eisimpleir, ma tha ùghdarras air freagairtean ann am pàirt, dà-fhillteach no neo-chunbhalach a thoirt do dh'iarrtasan roimhe, dh'fhaodadh gun do lean seo gu an neach-iarraidh a' cur a-steach tuilleadh iarrtasan gus am freagairt a dhèanamh soilleir. Chan eil an Coimiseanair buailteach a thighinn gu co-dhùnadh gu bheil an t-iarrtas draghail ma chuidich gnìomhan an ùghdarrais le dèiligeadh eadar an t-ùghdarras agus an neach-iarraidh a lasachadh, gu h-àraid mura h-eil fianais gu bheil an t-ùghdarras air a dhleastanasan a choileanadh fo earrann 15 (faic gu h-ìosal, **dleastanas comhairle is cuideachadh reusanta a sholarachadh**).

#### Sreath iarrtasan no àireamh mhòr de dh'iarrtasan

Far a bheil iarrtas aig deireadh sreath, no far a bheil àireamh mhòr de dh'iarrtasan air an cur a-steach còmhla, faodar dèiligeadh riutha mar cho-bhuidheann ann am measadh an uallaich a tha iad a' cur air an ùghdarras phoblach. Ach, chan eil



àireamh mhòr de dh'iarrrtas gu riatanach a' ciallachadh gu bheil gin de na h-iarrrtas sin no iad uile draghail. Dh'fhaodadh gum bi dùil gun cur seòrsachan sònraichte de luchd-iarraidh mòran iarrrtas don ùghdarras.

Ma tha an àireamh de dh'iarrrtas a tha dèante le aon neach-iarraidh, aig an aon àm no glè luath às dèidh a chèile, cho mòr agus nach biodhte a' dùileachadh do dh'ùghdarras poblach sam bith dèiligeadh riutha ann an co-rèir ri riatanasan FOISA, dh'fhaodadh gum bi na h-iarrrtas draghail.

### Cainnt mhì-ghnàthach no mhì-ìomchaidh

Chan eil cainnt mhì-ghnàthach no mhì-ìomchaidh leis fhèin a' dèanamh iarrrtas fiosrachaidh draghail. Ach, faodaidh cainnt a mheasadh neach reusanta mì-ghnàthach no mì-ìomchaidh san t-suidheachadh, a bhith na fheart ann an co-dhùnadh a bheil iarrrtas a' coinneachadh nan slatan-tomhais a tha air an sònrachadh gu h-àrd.

### Dleastanas comhairle agus cuideachadh reusanta a thoirt

Fo earrann 15 of FOISA, feumaidh ùghdarrasan comhairle agus cuideachadh reusanta a thoirt seachad do luchd-iarraidh. Ma tha giullachd iarrrtais buailteach uallach mòr a chur air ùghdarras, bu chòir co-chomhairleachadh leis an neach-iarraidh gus an cuideachadh gu an iarrrtas a ghrinneachadh airson a dhèanamh nas fhasa a làimhseachadh. Bidh mar a bhios seo dèante an urra ri suidheachadh gach cùis, ach bhiodh an Coimiseanair a' sùileachadh fianais air gnìomhan an ùghdarras fhaicinn.

Ma tha ùghdarras air ceumannan reusanta a ghabhail gu na duilgheadsann an lùib giullachd iarrrtais a mhìneachadh, agus air cuideachadh a thabhann ann an grinneachadh iarrrtais, agus gu bheil an neach-iarraidh (gun adhbhar math sam bith) a' diùltadh an t-iarrrtas aca a ghrinneachadh, dh'fhaodadh gum bi e draghail.

## **Freagairt Iarrrtas Draghail**

Aon uair 's gu bheil ùghdarras air co-dhùnadh gu bheil iarrrtas draghail fo earrann 14(1), feumaidh e fios a chur chun an neach-iarraidh ann an sgrìobhadh taobh a-staigh 20 latha obrach:

- i. mura h-eil a leithid sin de fhios air a thoirt seachad a-cheana a thaobh iarrrtas co-ionann no glè choltach ann an susbaint, agus
- ii. ann an suidheachaidhean uile, bhiodh e mì-reusanta sùileachadh gun cuireadh an t-ùghdarras fios eile a-mach (earrann 16(5) – faic [Eàrr-ràdh A](#)).

Far a bheil fios air a chur a-mach, feumaidh fiosrachadh mionaideach a bhith air a ghabhail a-steach mu chòir an neach-iarraidh, gu iarraidh air an ùghdarras phoblach

a cho-dhùnadh ath-sgrùdadh agus tagradh don Choimiseanair ma tha iad mì-shàsaichte às dèidh sin.

Ma gheibh an t-ùghdarras iarrtas airson ath-sgrùdadh, chan fheum e ath-sgrùdadh a dhèanamh ma bha an t-iarrtas tùsail (no an t-iarrtas airson ath-sgrùdadh fhèin) draghail (earrann 21(8)). Ma cho-dhùineas an t-ùghdarras poblach gun ath-sgrùdadh a dhèanamh, feumaidh e fios a chur chun an neach-iarraidh ann an sgrìobhadh, taobh a-staigh 20 latha obrach. Feumaidh fiosrachadh mìonaideach a bhith anns an fhios seo mu chòir an neach-iarraidh air tagradh don Choimiseanair ma tha iad fhathast mì-shàsaichte, agus còir eile air ath-thagradh do Chùirt an t-Sèisean. Is e deagh chleachdadh a th' ann mìneachadh cho fada 's a ghabhas, na h-adhbharan airson a' cho-dhùnaidh.

Faodaidh neach-iarraidh tagradh don Choimiseanair airson co-dhùnadh ann an dà shuidheachdh:

- i. far a bheil iad air fios fhaighinn ag innse dhaibh nach eil an t-ùghdarras a' dol a dhèanamh ath-sgrùdadh, no
- ii. Far nach eil a leithid sin de fhios air a chur a-mach.

#### Co-dhùnadh agus cumail chlàran

Bidh co-dhùnadh air iarrtas a mheas draghail glè thrì connsaideach, agus gu bheil e glè choltach gun cuir an neach-iarraidh an còir an gnìomh air ath-sgrùdadh iarraidh, agus mu dheireadh tagradh a dhèanamh don Choimiseanair. Bu chòir a leithid sin de cho-dhùnaidhean a bhith air an gabhail aig àrd-ìre, an dèidh meòrachadh cùramach.

Tha e cudromach clàran a chumail a tha a' clàradh a' phròiseis co-dhùnaidh, i.e. an t-adhbhar gun robh an t-iarrtas air a mheas draghail agus mar a thàinig an t-ùghdarras poblach chun a' cho-dhùnaidh seo. Bidh an Coimiseanair a' sùileachadh gum bi na co-dhùnaidhean sin le taic bho fhianais mhionaideach agus reusanachadh earbsach. Ma tha an t-ùghdarras ag argamaid gum biodh gèilleadh don iarrtas na uallach mòr, bu chòir dha a bhith comasach air buaidh a' ghèillidh a thomhais.

#### Deagh chleachdadh

Ma gheibh ùghdarras poblach co-chuid àrd de dh'iarrtasan draghail, dh'fhaodadh gum b' fhiach na slatan-tomhais fhoillseachadh a tha air an cleachdadh gus dearbhadh a bheil iarrtas draghail. Cuidichidh seo buill den luchd-obrach a dh'fheumas na co-dhùnaidhean a dhèanamh, agus sealltainn do luchd-iarraidh gu bheil modh measaidh neo-phàirteach ga chleachdadh.

## IARRTASAN ATH-AITHRISICHTE: EARRANN 14(2) FOISA

### Dè Tha an Lagh Ag Ràdh?

Tha earrann 14(2) de FOISA ag aithris, far a bheil ùghdarras Albannach air gèilleadh do dh'iarrrtas bho neach airson fiosrachadh, nach eil e mar fhiachaibh air gèilleadh do dh'iarrrtas bhon neach sin às dèidh sin, a tha co-ionann no gu susbainteach coltach, mura robh ùine reusanta eadar an t-iarrrtas do an deach gèilleadh a dhèanamh agus a bhith a' dèanamh an iarrrtais às dèidh làimhe. (Faic [Eàrr-ràdh A](#) airson an làn teacsa de earrann 14.)

## GNÌOMHADH EARRANN 14(2)

### A Bheil Iarrrtas Air Ath-aithris?

Bu chòir dha a bhith cuibheasach sìmplidh a stèidheachadh a bheil iarrrtas co-ionann no gu susbainteach coltach ri iarrrtas ro-làimh, ach is e adhbhar breithneachaidh a th' ann a bheil ùine reusanta air a dhol seachad eadar iarrrtasan. Chan eil oidhirp sam bith air “ùine reusanta” a mhìneachadh san reachdas, oir bidh sin an urra ris an t-suidheachadh. Cuidichidh beachdachadh air an dà cheist a leanas, ùghdarrasan poblach air measadh a dhèanamh a bheil ùine reusanta air a dhol seachad:

- i. A bheil am fiosrachadh air atharrachadh?
- ii. A bheil an suidheachadh air atharrachadh?

### A bheil am fiosrachadh air atharrachadh?

Tha e cudromach beachdachadh air an fhìor fhiosrachadh a tha air a ghlacadh leis an iarrrtas aig an àm a gheibhear e, agus chan e dìreach an cuspair no am briathrachas mionaideach. Bidh luchd-iarraidh glè thrì a' cur a-steach barrachd air aon iarrrtas mu chuspair, fiù anns na h-aon teirmean ri iarrrtasan nas tràithe. Chan eil seo a' ciallachadh gu fèin-obrachail gun tèid na h-iarrrtasan “ath-aithris” airson adhbhar earrann 14(2).

Ma tha am fiosrachadh air a ghlacadh leis an iarrrtas ùr diofraichte bhon fhiosrachadh air a ghlacadh san iarrrtas nas tràithe, (i.e. fiosrachadh ùr/a bharrachd, atharrachadh air an fhiosrachadh làithreach), tha an Coimiseanair buailteach co-dhùnadh gu bheil “ùine reusanta” air a dhol seachad. Tha iarrrtasan ath-aithrisichte airson fiosrachadh a tha ga ùrachadh gu cunbhalach, coltach a bhith air am fireanachadh taobh a-staigh ùineachan nas giorra na iarrrtasan co-cheangailte ri pròiseas chrìochnaichte no na stad.

Far a bheil iarrrtas a' glacadh na dà chuid fiosrachadh ùr agus fiosrachadh air a bheachdachadh a thaobh iarrrtas nas tràithe, (agus nach eil an suidheachadh air atharrachadh – faic gu h-ìosal), chan eil duilgheadas an lùib beachdachadh ùr a dhèanamh air an fhiosrachadh ùr. Dh'fhaodadh gum bi e iomchaidh an t-iarrrtas a

dhiùltadh cho fada 's a tha e co-cheangailte ris an t-seann fhiosrachadh, air a' bhunait gu bheil an t-iarrtas, ann am pàirt, ath-aithrisichte. Air an làimh eile, cuir ceist air an neach-iarraidh, a dh'fhaodas soilleireachadh nach eil iad an dùil fiosrachadh a ghlacadh a fhuair iad mar-thà.

### A bheil an suidheachadh air atharrachadh?

Feumaidh ùghdarrasan beachdachadh a bheil an suidheachadh air atharrachadh on a chaidh co-dhùnadh a dhèanamh mu iarrtas nas tràithe. Ma tha, tha feum air co-dhùnadh ùr. Dh'fhaodadh an ùine a tha air a dhol seachad buaidh a thoirt air:

- i. Cunnart leth-breith susbainteach ag èirigh bho fhoillseachadh, agus
- ii. a bheil math a' phobaill a' laighe ann an cleith no foillseachadh fiosrachaidh.

Ma tha an suidheachadh air atharrachadh on iarrtas mu dheireadh, agus gum faod sùil ùr air an fhiosrachadh no air na cùisean leantainn gu buil eadar-dhealaichte, tha an Coimiseanair buailteach co-dhùnadh gu bheil "ùine reusanta" air a dhol seachad.

## **SGAOILEADH FOR-GHNIÒMHACH**

Ma tha ùghdarras poblach a' faighinn iarrtasan ath-aithrisichte airson fiosrachadh sònraichte, bu chòir dha beachdachadh gu for-ghnìomhach air an fhiosrachadh fhoillseachadh tro a sgeama foillseachaidh.

## **GÈILLEADH DO IARRTASAN ATH-AITHRISICHTE**

Tha earrann 14(2) làn-ròghnach agus chan eil àithnteil. Fiù ged a bhiodh an earrann seo buntainneach, dh'fhaodadh e a bhith fhathast reusanta gèilleadh don iarrtas; mar eisimpleir, far a bheil an neach-iarraidh air an fhiosrachadh a chall no air fàilligeadh am fiosrachadh a chumail, ach an uair sin gu bheil feum aca air fhathast. Bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach cuideam dligheach a thoirt do a leithid sin de riochdachaidhean far a bheil iad dèante.

### **Freagairt Iarrtas Ath-aithrisichte**

Aon uair 's gu bheil ùghdarras air co-dhùnadh gu bheil iarrtas ath-aithrisichte fo earrann 14(2), feumaidh e fios a chur chun an neach-iarraidh ann an sgrìobhadh taobh a-staigh 20 latha obrach, mura:

- i. h-eil a leithid sin de fhios air a thoirt seachad mar-thà a thaobh iarrtas co-ionann no gu susbainteach coltach, nas tràithe, agus
- ii. biodh e anns gach suidheachadh, mì-reusanta sùileachadh don ùghdarras fios eile a fhrithealadh.

Far a bheil fios air a chur a-mach, feumaidh mìneachadh a bhith ann air còir an neach-iarraidh, air iarraidh air an ùghdarras a cho-dhùnadh ath-sgrùdadh agus tagradh don Choimiseanair ma tha iad fhathast mì-riaraichte leis.

Ma gheibh an t-ùghdarras iarrtas airson ath-sgrùdadh, chan fheum e ath-sgrùdadh a choileanadh ma bha a' chiad iarrtas ath-aithrisichte no gu bheil an t-iarrtas airson ath-sgrùdadh draghail (earrann 21(8)). Ma cho-dhùineas an t-ùghdarras poblach gun ath-sgrùdadh a dhèanamh, feumaidh e fios a leigeil chun an neach-iarraidh ann an sgrìobhadh taobh a-staigh 20 latha obrach. Feumaidh fiosrachadh mionaideach a bhith ann mu chòir an neach-iarraidh tagradh don Choimiseanair ma tha iad fhathast mì-riaraichte, agus còir a bharrachd tagradh do Chùirt an t-Seisein. Is e deagh chleachdadh a th' ann na h-adhbharan airson a' cho-dhùnaidh seo a mhìneachadh cho fada 's a ghabhas.

Faodaidh neach-iarraidh tagradh don Choimiseanair airson co-dhùnadh ann an dà chùis:

- i. far a bheil iad air fios fhaighinn ag innse dhaibh nach eil an t-ùghdarras a' dol a dhèanamh ath-sgrùdadh, no
- ii. far nach eil a leithid sin de fhios air a sgaoileadh.

### IARRTASAN DRAGHAIL IS ATH-AITHRISICHTE – Earrannan 14, 16 is 21

#### EARRANN 14 – IARRTASAN DRAGHAIL IS ATH-AITHRISICHTE

Chan eil Earrann 1(1) a' cur cuideam air ùghdarras poblach ann an Alba gèilleadh do dh'iarrrtas airson fiosrachadh ma tha an t-iarrrtas draghail.

Far a bheil ùghdarras poblach ann an Alba air gèilleadh do dh'iarrrtas bho neach airson fiosrachadh, chan eil e fo fhiachaibh air gèilleadh do dh'iarrrtas, a tha co-ionann no gu susbainteach coltach, às dèidh sin bhon neach sin, mura h-eil ùine reusanta eadar an t-iarrrtas do an deach gèilleadh, agus an t-iarrrtas às dèidh sin.

#### EARRANN 16 – DIÙLTADH IARRTAS

Feumaidh ùghdarras poblach a tha, a thaobh a leithid sin de dh'iarrrtas, ag ràdh gu bheil earrann 14 buntainneach, taobh a-staigh na h-ùine sin, fios a chur chun an neach-iarraidh a tha ag aithris gu bheil e ag ràdh sin; ach nach fheum am fios a chur a-mach -

- a) ma tha an t-ùghdarras, ann an co-cheangal ri a leithid sin de dh'iarrrtas a tha co-ionann no gu susbainteach coltach, air fios a leigeil chun an neach-iarraidh fon fho-earrann seo, agus
- b) nam biodh e mì-reusanta anns gach suidheachadh, sùileachadh gun cuireadh e a-mach fios eile a thaobh an iarrrtais làithreach.

#### EARRANN 21 – ATH-SGRÙDADH LE ÙGHDARRAS POBLACH ANN AN ALBA

Chan eil Fo-earrann (1) a' cur cuideam air ùghdarras poblach ann an Alba, gèilleadh do riatanas airson ath-sgrùdadh -

- a) ma tha an riatanas draghail, no
- b) ma tha an t-iarrrtas airson fiosrachadh ris a bheil riatanas ath-sgrùdadh co-cheangailte, mar aon air sgàth earrann 14, do nach robh an t-ùghdarras fo chuideam gèilleadh.